

Geàrr-Chunntas air Sgrùdadh Coileanaidh

Comhairle nan Eilean Siar

Toraidhean an Sgrùdaidh

Tha dùbhlain shònraichte an lùib a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean obair shòisealta ann an Comhairle nan Eilean Siar. Tha na h-eileanan iomallach, tha an sluagh aca sgapte, agus tha conaltradh agus còmh-dhail doirbh aig amannan. Tha an àireamh den t-sluagh a tha seachad air aois 65 nas àirde na fo ùghdarras ionadail sam bith eile ann an Alba. Tha aig àireamh glè bheag de luchd-stiùiridh ri dèiligeadh ris an aon raon iarrtasan ri sgiobaidhean stiùiridh nas motha ann an ùghdarrasan nas motha. Chan eil e furasta an luchd-obrach ceart fhastadh.

Lorg an sgrùdadh seo gun robh an roinn a' libhrigeadh cuid de sheirbheisean èifeachdach, gu h-àraid a thaobh cùram dhachannan-còmhnaidh agus cùram-latha. Bha buidhnean agus sgiobaidhean ionadail air an deagh riochdachadh ann a bhith a' dealbhadh agus a' libhrigeadh sheirbheisean. Ach bha am prìomhachas a bha air a thoirt do na seirbheisean seo air laigsean fhàgail san dòigh san robhar a' dèiligeadh ri seirbheisean eile. Nam measg bha pàirtean cudromach de sheirbheisean cùram-dachaigh agus de sheirbheisean cloinne agus teaghlach. Bha laigsean cuideachd ann an cuid de phrìomh phròiseasan obrach, gu h-àraid measadh cunnairt, clàradh chùisean agus mar a bha stiùireadh aimsireil ri fhaotainn do luchd-obrach.

Choinnich sinn ri sgioba-obrach a bha air a bhrosnachadh gus seirbheisean inbheach a libhrigeadh, ach nach robh an còmhnaidh a' faighinn na taice a bha a dhìth gus seo a dhèanamh. Bha feum air lèirsinn nas soilleire airson seirbheisean obair shòisealta cuide ri ro-innleachd agus stiùireadh nas làidire gus a libhrigeadh. Feumaidh astar an atharrachaidh agus an leasachaidh a bhith nas luaithe.

Tha 20 moladh anns an aithisg sgrùdaidh iomlain, cuid dhiubh a' feumachdainn obair a dhèanamh orra sa bhad. Tha na molaidhean ag amas air àrainnean cudromach de stiùireadh agus de chleachdadh a leasachadh gus seirbheisean nas fheàrr agus nas cunbhalaiche a libhrigeadh. Tha iad seo a' gabhail a-steach a bhith:

- A' cruinneachadh agus a' cleachdadh barrachd fiosrachaidh mu cho math 's a tha seirbheisean a' coileanadh;
- A' dèanamh mheasaidhean cearta a thaobh feumalachdan luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann dhaibh fhèin agus do dhaoine eile;
- A' cumail chlàraidhean a tha air an ùrachadh gu cunbhalach agus a tha a' coileanadh an dleastanais;
- A' dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh freagarrach aig luchd-obrach mu raointean cleachdaidh deatamach;
- A' deasachadh phlanaichean nas fheàrr airson seirbheisean sònraichte;
- A' dol an sàs ann an dealbhadh luchd-obrach nas eagaraiche agus a' toirt taic nas fheàrr do luchd-obrach nan cuid obrach;
- A' leasachadh nan dòighean sa bheil seirbheisean air am barrantachadh bho bhuidhnean eile;
- A' solarachadh ceannardas ro-innleachdach nas fheàrr.

EISIMPLEIREAN DE DHEAGH SHEIRBHEISEAN AIR AN LÌBHRIGEADH LE SEIRBHEISEAN OBAIR SHÒISEALTA AGUS LE BUIDHNEAN COMPÀIRTEACH

- Thuirt neach-cùram aig an robh ball den teaghlach aice a' frithealadh ionad-latha sònraichte fad bhliadhnachan gun robh an t-ionad a' toirt "gach rud a dh'iarradh i dha" agus gun robh an luchd-obrach fìor mhath. Bha an t-ionad a' leigeil leis an neach-cleachdaidh a bhith a' coinneachadh dhaoine eile 's a' gabhail pàirt ann an gnìomhan nach biodh rim faotainn mura biodh seo. Thuirt i gun robhar ag ath-bhreithneachadh gu tric air adhartas a' bhuill teaghlaich aice 's gun robh làn phàirt aice sna h-ath-bhreithneachaidhean seo.
- Tha an siostam rabhaidh coimhearsnachd – Faire – na dheagh eisimpleir de sheirbheis shimplidh shùbailte. Tha e ruigsinneach agus chan eil measaidhean amallach na lùib. Tha e air a dhealbh gus leigeil le daoine cumail orra a' fuireach ann an suidheachaidhean iomallach. Tha an siostam glag electronaigeach a' leigeil le daoine fios a chur gu neach-obrach sa bhad. Faodar a chleachdadh ann an iomadach dòigh agus tha comas ann tuilleadh a leasachadh. Tha e air a dheagh ruith le luchd-obrach a tha eòlach agus fiosrach.
- Tha sgioba measaidh ro-sgoile Uibhist agus Bheinn a' Bhaoghla (Pre-Scat) na bhuidheann ioma-chuspaireil eadar-bhuidhneach. Tha an sgioba a' tabhann '*...cùram do chloinn le feumalachdan sònraichte a tha air a cho-òrdanachadh, air a sgrùdadh, air a dhealbhadh agus air atharrachadh a rèir ìre feumalachd gach leanabh*'. Fhuair sinn fianais gun robh an sgioba a' dealbhadh nan gnìomhan aca, a' measadh a' choileanaidh aca, agus a' solarachadh sheirbheisean èifeachdach do chloinn agus do theaghlaichean.
- Bha pasgan-inntrigidh sgoinneil fàilteachail aig Dùn Bearasaidh do luchd-obrach ùra. Bha deagh fhiosrachadh ann 's bha e air a phearsantachadh 's air a sgrìobhadh ann an dòigh a bha in-ghabhalach. Bha pios bàrdachd agus earrannan bho ùghdarran ann a bha a' stèidheachadh deagh fhaireachdainn airson cùram do sheann daoine 's a bha a' cur an neach fhèin aig teis-meadhan cùise.
- Bhathar a' toirt stiùireadh cunbhalach do luchd-obrach sheirbheisean cùram-latha thairis air an ùghdarras gu lèir. Thuirt iad gun robh an stiùireadh a' cur aghaidh eagarachail an dà chuid air an obair aca le luchd-cleachdaidh na seirbheis agus air an leasachadh phrofeiseanta aca. Bha iad den bheachd gun robh na stiùirichean aca a' toirt deagh thaice dhaibh.

Dè a tha ann an sgrùdadh coileanaidh?

Tha a' Bhuidheann Sgrùdaidh airson Obair Shòisealta (BSOS) a' dèanamh sgrùdaidhean coileanaidh air seirbheisean obair shòisealta nan ùghdarrasan ionadail air fad ann an Alba.

Bidh BSOS a' trusadh 's a' sgrùdadh taghadh farsaing fiosrachaidh mu ùghdarras ionadail 's mu na seirbheisean obair shòisealta a tha e a' solarachadh no air son a bheil dleastanas aige. Bidh toraidhean an sgrùdaidh air am foillseachadh ann an aithisg a tha a' comharrachadh an dà chuid neartan agus raointean a ghabhadh leasachadh.

Tha a' bhileag seo a' toirt geàrr-chunntas air cuid de phrìomh thoraidhean an sgrùdaidh air seirbheisean obair shòisealta Comhairle nan Eilean Siar, a tha air am mìneachadh san aithisg iomlain a chaidh fhoillseachadh san t-Samhain 2006.

Cuiridh Comhairle nan Eilean Siar plana gnìomha air dòigh mar fhreagairt don aithisg sgrùdaidh. Bheir am plana mìneachadh air na dòighean sam bu chòir atharrachaidhean riatanach sam bith a thoirt gu buil. Aon uair 's gun tèid am plana aontachadh, cumaidh BSOS agus a' Chomhairle sùil air buileachadh a' phlana còmhla.

Ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac den aithisg iomlain no tuilleadh fhaighinn a-mach mu BSOS, cuiribh fios gu:

Stiùiriche Corparra
Buidheann Sgrùdaidh Obair Shòisealta (SWIA)
Taigh Ladywell
Rathad Ladywell
Dùn Èideann
EH12 7TB

Fòn: 0131 244 4885

Facs: 0131 244 5496

Post-d: info@swia.gsi.gov.uk

Làrach-lìn: www.swia.gov.uk

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùn 2006

ISBN: 1-905501-29-3

Buidheann Sgrùdaidh Obair Shòisealta (SWIA)

Taigh Ladywell

Rathad Ladywell

Dùn Èideann

EH12 7TB

Dèante don Bhuidhinn Sgrùdaidh Obair Shòisealta le Astron B48983 11/06 (Gaelic)

Foillsichte leis a' Bhuidhinn Sgrùdaidh Obair Shòisealta, Samhain 2006

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn